



Leasan 10: Beathach mòr a thàinig gu bàta

Torcuil MacRath à Leòdhas ag innse naidheachd air prògram rèidio a' BhBC, Dealan-dè

Air a chraobh-sgaoileadh ann an 1986

Faid: 00:02:09



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/29321/1>

Tar-sgrìobhadh

Chuala mi an sgeulachd seo aig a' bhodach anns an taigh-chèilidh, 's cha b' ann an-dè a bha sin. Bha am bodach a' siubhal cuaintean na h-Àird an Ear aig àm a' Chiad Chogaidh, Cogadh 1914. Bha am bàta air an robh e a' toirt leatha a h-uile seòrsa rud: crodh, fodar agus luchd-siubhail.

Latha a bha seo agus am feasgar a' ciaradh, dh'èirich a' bhiast uabhasach sin aig deireadh a' bhàta. Chan fhacas a leithid siud de bheathach a-riamh, mas e beathach a bh' ann. Thug an sgiobair seachad an t-òrdugh am bàta a leigeil air falbh leis a h-uile stròc a dhèanadh i, mus biodh iad air am milleadh.

Aig a' cheart àm, thòisich iad a' tilgeil a-mach rudan ach am faiceadh iad gu dè mar a thachradh. Stòl, 's peile, 's mar sin, ach bha e a' slugadh a h-uile dad. Thug e leis bèile feòir air aon ghlaime. Chaidh bò a chur a-mach, ach chaidh ise sìos cuideachd. Aig an àm bha boireannach a' goradaireachd aig beul a' bhàta, 's leis an t-eagal a ghabh i thuit an òinseach a-mach, 's chaidh i far an deach an còrr.

Ach an seo, dh'aithnich iad gun robh e a' leigeil ann fhèin, 's a' tuiteam air falbh bhuapa. 'S mus deach an latha bhon adhar, chaidh e air tìr air an tràigh, air eilean beag a bha làimh riutha. Chùm iadsan orra, far an robh iad a' dol, agus an làrna-mhàireach, nuair a thill iad air ais, bha am beathach marbh air an tràigh. Bha ablach de dhochtair aca air bòrd agus thug esan mun aghaidh a' bhiast fhosgladh.

Aig an ìre sa, stad am bodach. Bha teine brèagha air anns an taigh-chèilidh, 's thug e sùil air an teine, 's chuir e smugaid tombaca a chridhe an teine. "O," ars esan, "nuair a dh'fhosgail sinn e, bha am boireannach ann an sin na suidhe air stòl a' bleoghan na bà 's a' bhò ag ithe an fhodair."